



Slighean Eachdraidh



Tha Neil Ramsay bho ScotWays a' toirt cunntas air pròiseact a bheir fiosrachadh air slighean eachdraidh na h-Alba fa chomhair do shùilean. Air sgàth an fhiosrachaidh a tha air-loidhne, faodaidh tu seann slighean na h-Alba a lorg agus a shiubhal air do cheann fhèin.

Leis cho furasta sa tha e fiosrachadh fhaighinn san latha an-diugh faodadh tu a-nis barrachd ionnsachadh mu dheidhinn slighean eachdraidh na h-Alba agus cuairtean a ghabhail orra

Tha Pròiseact Slighean Dualchais a' toirt ri chèile dhealbhan, mhapaichean agus fiosrachaidh a thaobh slighean traidiseanta is rathaidean fad-astar a bh' air an cleachdadh bho chionn linntean. Nam measg, tha slighean ciste-laighe a chaidh a chleachdadh gus na mairbh a thoirt gu fearann coisrigte far an robhar gan tiodhlacadh; rathaidean Ròmanach a chaidh an togail cha mhòr 2,000 bliadhna air ais; agus na rathaidean dròbhaireachd air an robh treubhan mòra cruaidh gan iomain gu ruige fèilltean mòra Chraoibh agus na h-Eaglaise Brice. Tha eachdraidh àraidh aig cuid de na slighean dualchais fhèin, a leithid Rathad Chalum, a chaidh a thogail le Ratharsach mar oidhirp gus casg a chur air na bha de dhaoine a' fàgail an eilein gus fuireach ann an àitean eile.

'S e Comann Còraichean Inntigidh is Slighe na h-Alba (ScotWays) a tha os cionn a' phròiseict, maoinichte le SNH agus Maoin Dualchais a' Chrannchair. Tha am pròiseact an dùil uiread de shlighean dualchais na h-Alba 's a tha comasach a chomharrachadh, gus eachdraidh nan slighean a rannsachadh, agus fhoillseachadh ann an diofar dhòighean. 'S iomadh saor-thoileach a tha an sàs sa phròiseact, mòran aca a bhios ag obair gu riaghailteach nar n-oifis. Bidh iad a' toirt dhuinn fiosrachaidh, a' rannsachadh eachdraidh agus a' sgrùdadh shlighean air an làr.

Rinn sinn piseach mhòr gu ruige seo, oir chomharraich sinn agus rannsaich sinn an ire mhath 250 slighe dhualchais anns gach ceàrn, bho na h-Eileanan a Tuath gu Dùn Phris is Gall-Ghaidhealaibh.

'S ann a tha na rathaidean eadar 500m agus 45km a dh'fhaid, a' tighinn gu 2,000km de shlighean uile gu lèir. Bidh sinn a' foillseachadh nan slighean seo sa chiad dol a-mach le ar làrach-lìn, ach tha sinn an dùil leabhar a chur a-mach, soidhnichean a thogail agus stuthan foghlaim a chruthachadh do thidsearan.

Bidh ar làrach-lìn ùr, www.heritagepaths.co.uk, mar phrìomh dhòigh air am faigh daoine fios air na slighean uile. Tha an làrach seo a' cur feum air dòigh ùr mhapaidh,



1
An seann rathad dròbhaireachd tro Ghleann Teilt, os cionn Blàr Athall, Siorrachd Pheairt.

2
Frith-rathaidean gu Baile Airneach a' cleachdadh Rathad nam Manach, thar na Beanntan Pentland.



3

Air an seann rathad bhon Aonach Dhubh gu Spideal Ghlinn Sidh.

4

Tha am frith-rathad as àirde de Bhealaichean Roinn a' Mhonaidh, Mon Agha, còrr is 1000m.

5

Rathad na Seann Abaid, Newbigging, Siorrachd Pheairt.

a chaidh a dhealbhadh is a thabhann gu fialaidh le Roinn nam Mapaichean aig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba. Tha na mapaichean a' cur an gnìomh an teicneòlais às ùire de mhapadh sràidean le Mapaichean Ghoogole, air an còmhachadh le seann mhapadh nan tricheadan aig Bartholomew agus an t-Suirbhidh Òrdanais. Bidh e comasach na seann mhapaichean a shoilleireachadh agus coimhead air nuadh-lionra nan rathaidean.

Tha sinn air mapa sònraichte de dh'Alba a chruthachadh mar chùl-taic do rannsachaidhean, agus tha seo na fheart ùr-nodha eile den mhapadh air an làraich-lìn. Choimhead sinn air diofar dhòighean air Alba a roinn, ach mu dheireadh, cho-dhùin sinn nach robh dad ann a bha freagarrach don phròiseact. Mar sin, chruthaich sinn mapa dathach ùr sa bheil measgachadh de chaochladh roinnean, a leithid ùghdarrasan ionadail, seann cheàrnaidhean comhairle agus na Pàircean Nàiseanta. Faodaidh tu na slighean uile a rannsachadh a rèir nan roinnean seo.

A thaobh soidhnichean ùra, cha bhi againn ach pannalan beaga a chur ri stoban-soidhne a th' ann mu thràth sa mhòr-chuid den phròiseact. Bheir iad seo geàrr-chunntas air eachdraidh na slighe air a bheil thu. Thathar an dòchas fiosrachadh a thoirt dhut a bheir ort tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh air an làraich-lìn.

Tha sinn cuideachd a' leasachadh stuthan a dh'fhillas

a-steach don 'Churraicealam airson Sàr-mhathas', agus a mhisnicheas tidsearan na sgoilearan aca a thoirt a-mach gus ionnsachadh mu eachdraidh slighean an àite fhèin. A-rithist, bidh e comasach na stuthan seo a leigeil a-nuas an-asgaidh bhon làrach-lìn.

Air sgàth a' phròiseict, tha sinn air ionnsachadh mu dheidhinn iomadach seann slighe inntinneach. Tha eachdraidh shòisealta aig mòran de na slighean a tha air a dhol an ire mhath air diochuidhne. Mar eisimpleir, chithear lionra de rathaidean a tha a' còmhachadh aig làraichean cudromach creidimh, a leithid Cill Rìmhinn agus Eilean Ì. Bha taistealachd an luchd-cràbhaidh aig aon àm aig cridhe gnìomhachais mhòr, agus sluagh bho air feadh na h-Eòrpa a' siubhal gu làraichean ann an Alba, 's a' cleachdadh nan goireasan a bh' air an togail gu sònraichte airson seo.

Tha mòran de na slighean seo a-nis air an toirt an lùib lionra rathaidean ùr-nodha. Ach, tha seann earrannan tarraingeach ann fhathast, a leithid An t-Sreang Latharnach gu deas air an Òban ann an Earra-Ghàidheal agus Bòid, agus sgriob fhada de sheann slighe thaistealachd gu Cill Rìmhinn a tha a' gabhail seachad gu tuath air Cùbar.

Bhiodh iomadh comharra agus croise ann a-null taobh nan rathaidean seo gus cuideachadh le taistealaich an slighe a leantainn romhpa, agus gheibhte ospadalan gus fasnachadh agus cobhair a thoirt dhaibh. Tha an sealladh a th' againn an-diugh air goireasan slighe air tur-atharrachadh an coimeas ri àm nan càrn-ciste, càrn-laighe, clachan-mìle agus tobraichean a bha deatamach an uair sin.

Tha daoine a-nis cho measail air mullaich chnuic is bheanntan ann an Alba, 's gur ann sna glinn as motha tha de dh'àitean iomallach rin lorg. Tha Alba a' toirt cothrom thar tomhais air inntigeachd, seach gu bheil an àireamh-sluaigh cho ìseal. Gu dearbha, 's ann a tha cuid de na seann shlighean seo ann an cunnart a bhith air an call le cion cleachdaidh, seach a bhith ann an cunnart crìonaidh. Tha corra dhiubh air cur thairis cho mòr 's gum biodh e doirbh dhut coiseachd orra, oir 's ann glè ainneamh a thathar gan cur gu feum. Cuidichidh am pròiseact le daoine gus na rathaidean caillte seo ath-lorg.

'S e goireas air leth a bhios anns a' phròiseact cuideachd a thaobh turasachd, oir tarraingidh e barrachd luchd-turais do dh'Alba, gam misneachadh gus ar dualchas a lorg le bhith a' cleachdadh nan slighean dualchais. Gu dearbha, bhon a chuireadh air bhog i, 's ann a bha 7% den fheadhainn a thadhail air an làraich bho thall-thairis. Faodaidh mòran de na slighean a chur an lùib a chèile, ag uidheamachadh dhaoine gus an rathaidean eachdraidh fad-astar fhèin a dhealbhadh.

Tha sinn an dòchas gun toir am pròiseact seo eòlas mionaideach air a' bhlàr a-muigh, a' misneachadh dhaoine gus falbh a-mach air an dùthaich shònraichte a th' againn ann an Alba. Cuidichidh am pròiseact le daoine a' tuigsinn nach leig iad leas a bhith a' dìreadh Beinn Nibheis gus tlachd a ghabhail à latha a-muigh san dùthaich. Ach, bheir e sealladh ùr air an tìr do luchd-coiseachd nam beann Rothach, a' tairgsinn cur-seachad eile dhaibh nuair a bhios droch aimsir gan cumail air falbh bho mhullaichean nam beann.

